


Na h-lùdhaich

le Iain Mac a' Ghobhainn

Obair deasachaidh

Leugh **Beatha le Buaidh** (Anne Frank agus Eva Schloss) airson beagan ionnsachadh mu na h-lùdhaich agus na dh'fhuiling iad aig àm an Dara Cogaidh.



Leugh an sgeulachd Na h-lùdhaich agus freagair na ceistean a leanas:

Faclair

Cuir abairt/facal bhon taobh chlì ri facal/abairt bhon taobh dheas:


freiceadan	a' tabhann
taigh-eiridinn	còir
fear-treòrachaiddh	geàrd
a' tairgsinn	cha mhòr nach
fialaidh	stiùiriche
theab iad	ospadal

Ceistean

- Cia mheud lùdhach a bha deiseil airson falbh aig an toiseach?
- Ciamar a dhèilig na freiceadain riutha? Mìnich do fhreagairt le taic bhon sgeulachd fhèin?



3. Mìnich mar a tha an sgrìobhadair a' toirt air an leughadair smaoineachadh gu bheil na h-lùdhaich beagan gòrach aig toiseach na sgeòil.
- 4a. Carson nach robh a' chailleach airson a dhol a dh'Ameireaga?
- b. Leis an fhiosrachadh a th' againn aig deireadh na sgeòil, carson a bha i fada ceàrr na beachd?
5. Smaoinich air na caractaran san stòiridh. Carson nach eil aon seach aon dhiubh a' tighinn troimhe mar phriomh charactar? Dè na dòighean a tha aig an sgrìobhadair airson seo a dhèanamh? Dè cho soirbheachail is a tha e?
6. Ciamar a tha e follaiseach gun robh na h-lùdhaich air an seatlaigeadh mu dheireadh thall air bòrd na trèana?
7. Cò ris a bha an taigh ùr coltach?
- 8a. Dè a' bhuaidh a bh' aig a' cheòl air a' chloinn agus air na h-inbhich?
- b. Saoil carson a bha na Gearmailtich ga chluich sa chiad àite?
9. Dè bh' aig na h-lùdhaich ri dhèanamh nuair a ràinig iad? Carson nach do chuir seo cus dragh orra?
10. Ciamar a bha na boireannaich gan giùlan fhèin nuair a fhuair iad a-steach dhan t-seòmar?
11. Mìnich am pìos mu dheireadh dhen stòiridh. Dè a' bhuaidh a tha aig ceòl is dannsa air an t-sealladh mu dheireadh a th' againn dhe na h-lùdhaich? Carson a tha an samhla cho làidir?
12. Carson a tha an sgeulachd gad fhàgail an-fhoiseil, dubhach aig an deireadh? An aithne dhut sgeulachd sam bith eile a rinn an aon rud ort? Ciamar a tha an sgrìobhadair a' toirt air an leughadair a bhith a' faireachdainn mar sin?



A' sgrìobhadh mu litreachas

Sgrìobh lèirmheas air an sgeulachd, ag ainmeachadh na leanas:

1. Ainm na sgeòil agus ainm an ùghdair.
2. An suidheachadh a tha a' nochdadh san sgeulachd.
3. Mar a tha an sgrìobhadair a' dèiligeadh ri caractaran san stòiridh – bidh an fhreagairt a thug thu seachad airson ceist a còig gu h-àrd gu feum an seo. Smaoinich air a' bheachd a tha aig an leughadair air na h-lùdhaich aig an toiseach agus mar a tha ar n-inntinn ag atharrachadh ro dheireadh na sgeòil.
4. A bheil e gu diofar gu bheil fios againn air an eachdraidh a tha air cùl na sgeòil mus tòisich sinn air leughadh? Dè an diofar a tha sin a' dùil agad ri sin? (Faic ceist a h-aon-deug gu h-àrd.)
5. Carson a tha an deireadh cho cumhachdach? An robh dùil agad ri sin? (Faic ceist a h-aon-deug gu h-àrd.)
6. Carson a tha an sgeulachd gad fhàgail an-fhoiseil? A bheil dragh ort nach do shaoil thu cus dhe na h-lùdhaich aig toiseach na sgeòil? Mìnich cho sgileil 's a tha an sgrìobhadair ann a bhith ag atharrachadh inntinn an leughadair mar a thèid an sgeulachd air adhart.

A' sgrìobhadh leabhar-latha



- Coimhead air na suidheachaidhean gu h-iosal agus tagh fear dhiubh a bhiodh freagarrach airson faireachdainnean a chur ann an cruth leabhair-latha.
 - Seall mar a tha tachartasan eadar-dhealaichte a' dol air adhart aig diofar amannan agus mar a tha faireachdainnean eadar-dhealaichte a' tighinn troimhe a rèir dè an suidheachadh anns a bheil daoine aig an àm.
 - Bu chòir dhut feuchainn ri, co-dhiù, trì làithean eadar-dhealaichte a chur a-steach dhan phios sgrìobhaidh.
1. Anns an ospadal airson ùine fhada.
 2. Air falach an àiteigin is tu ann an cunnart do bheatha.
 3. Air saor-làithean nach deach ro mhath.



4. Anns a' phrìosan
5. Còmhla ri do theaghlaich air saor-làithean samhraidh.

Ìre 3-6 Fileantaich

Mar eisimpleir:



Diluaín 28 An Gearran

Chan urrainn dhomh fuireach san àite seo nas
fhaide. Tha mi an seo air mo chuartachadh le o/c
is mi-rùn. Glaiste san dorchadas airson rudeigin
nach do rinn mi. B' fheàrr leam a bhith marbh na
bhith a' fàs cleachdte ris an àite oillteil seo...